

AG ADHARTACHADH IS A' DÌON

A thuilleadh air a bhith a' toirt taic don Bhànrig mar Cheann na Stàite is ag obair mar neach-tionnsgain charthannach, tha Prionnsa na Cuimrigh cuideachd ag adhartachadh is a' dìon dhualchasan, fheartan is òirdheirceas seasmhach na dùthcha. Am measg nithean eile, tha an obair seo a' gabhail a-steach a bhith a' comharrachadh shoirbheachaidhean no chùisean nach fhaigheadh mòran aire mura b' e a thaic-san dhaibh, a' toirt taic do choimhearsnachdan dùthchail Bhreatainn, agus ag adhartachadh co-fhulangas is tuigse nas fheàrr eadar diofar chreideamhan is choimhearsnachdan.

A' TOGAIL CHEISTEAN

Rè na bliadhna chaidh seachad, tha Prionnsa na Cuimrigh le taic Bana-dhiùc na Còirn, air a bhith a-rithist ag adhartachadh is a' dìon nan nithean as fheàrr mu Bhreatainn is a sluagh. Bidh seo a' ciallachadh, gu math tric, a bhith a' saothrachadh gu pearsanta mar luathadair atharrachaidh, gineadair deasbaid no neach-togail chùisean a th' air a dhol an dearmad.

Coileanadh is seirbheis

Bidh Am Mòrachdan Rìoghail gu cunbhalach a' gabhail pàirt ann an tachartasan airson coileanaidhean is tabhartasan gu beatha nàiseanta a chomharrachadh, agus rè na bliadhna fhrithheil Am Prionnsa is A' Bhana-dhiùc grunn thachartasan a bha a' toirt aithne do obair nan seirbheisean èiginn.

San Ògmhios 2005, mhol iad iobairtean luchd-poileis nuair a bha iad aig an t-seirbheis bhliadhnail ann an Hendon airson cuimhneachadh air na 653 Oifigearan Poileis a chaill am beatha an ceann an dleastanais ann an Lunnainn bho 1829. An dèidh na seirbheis thuirt Am Prionnsa gun robh aig oifigearan poileis, “dleastanas maireannach do chàch, airson coimhead às an dèidh, an cuideachadh agus dìon a chur air an dùthaich agus air an fhuasgailteachd is an t-saorsa air a bheil sinn air fàs eòlach.”

Sa Mhàrt 2006, thadhail Am Mòrachdan Rìoghail air Poileis Dorset airson a chuimhneachan 150mh a chomharrachadh. Rè an cuairte chaidh Am Prionnsa is A' Bhana-dhiùc a thoirt timcheall rùm-uidheim nam poileas, a tha a' faighinn 94,000 gairm-èiginn sa bhliadhna, agus am biuro-leòinteach. Thuirt Am Prionnsa ri na poileasmain is na ban-phoileas ris na choinnich e: “Tha sinn an urra ri uimhir dhiubh. Bidh mi tric a' smaoinichadh gum bi sinn a' gabhail na seirbheis mhìorbhailich a tha sibh uile a' toirt seachad gun mhòran diù.”

Tha Am Mòrachdan Rìoghail cuideachd a' gabhail pàirt ann an tachartasan a bhios a' comharrachadh obair saor-thoileach dhaoine, gu h-àraidh daoine a tha ag obair ann an ceàrnaidhean dha nach eilear a' toirt mòran aire mar as trice. San t-Samhain 2005 chuir A' Bhana-dhiùc là seachad ann an Wiltshire a' tadhal air trì buidhnean saor-thoileach: the Springboard Opportunity Playgroup, buidheann charthannais a tha a' tabhann àrainneachd shàbhailte bhrosnachail dha clann le feumalachdan sònraichte; Urras Bobby Van, buidheann charthannais a bhios a' cur bhanaichean a-mach gu dachaighean dhaoine a dh'fhuiling eucoir airson dorsan is uinneagan a chàradh agus suidheachadh tèarainte aisig; agus club òigridh ann an Atworth a th' air a ruith le Youth Action Wiltshire (YAW), buidheann charthannais a tha a' tabhann ghnìomhan spòrsail is cruthachail agus pròiseactan in-ghabhail sòisealta dha daoine òga. Tha A' Bhana-dhiùc na cùl-taic aig Urras Bobby Van agus YAW.

San aon mhìos, thadhail A Mòrachd Rìoghail air Soroptimist Residential Club ann an Lunnainn airson ionnsachadh mu obair na buidhne seo. 'S e buidheann cruinne a th' ann an Soroptimist International. Tha 95,000 boireannach ann is bidh iad ag àrdachadh chòirichean is inbhe daonna bhoireannaich. Rè an turais, mhìnich Gloria Proops, aon de na Soroptimists, gu bheil a' bhuidheann air a dèanamh suas le "boireannaich air a bheil cùram sònraichte mu na tha dol air adhart san t-saoghal, bhon eaconamaidh gu leasachadh sòisealta, an àrainneachd is còirichean daonna."

San Dùbhlachd 2005, choinnich A' Bhana-dhiùc ri cuid de na daoine òga as gaisgeile am Breatainn nuair a thug i seachad buinn shnaidhte òir do 10 bhannaichean duais Woman's Own Children of Courage aig cuirm ann an Abaid Westminster. Thuirt A Mòrachd Rìoghail gur e "fiosrachadh ioraslachaidh" a bh' ann coinneachadh ri daoine òga – a bha uile air gaisgeachd is misneachd fhoillseachadh fa chomhair ciorramachd no tinneis no dìlseachd fèin-àicheadh do chàch.

**Thuirt Am Prionnsa gun robh
aig na h-oifigearan poileis,
"dleastanas maireannach do chàch,
airson coimhead às an dèidh,
an cuideachadh agus dìon a chur
air an dùthaich agus air an
fhuasgailteachd is an t-saorsa air
a bheil sinn air fàs eòlach."**

Coimhearsnachdan dùthchail

Mar thuathanach e fhèin, tha cùram mòr aig A' Phrionnsa airson fearann dùthchail Bhreatainn agus math nan daoine a tha a' fuirich is ag obair air. Tha cumail suas roinn àiteachais fhallain deatamach don dùthaich, chan ann a-mhàin air sgàth gu bheil cruth na tìre an urra ri eòlas cruinnichte coimhearsnachdan tuathanachais airson a stiùbhartachd leantainneach, ach cuideachd airson gu bheil structar sòisealta na dùthcha an urra ri bunait-àiteachais làidir.

Airson iomadh bliadhna, tha e air a bhith na chùis chudromach dhan Phrionnsa a bhith a' tabhann dhachaighean ruigsinneach dha teaghlaichean ann an coimhearsnachdan dùthchail. Sa Ghearran 2006, aig tachartas ann am Pooley Bridge, ann an Cumbria, chuir e air bhog stiùireadh dealbhachaidh airson taigheadas dùthchail ruigsinneach, a bha ag amas air luchd-togail, buidhnean togail, ailtirean, luchd-tomhais, ùghdarrasan ionadail agus coimhearsnachdan.

Rè a chuairt choinnich Am Prionnsa ri Deborah Lewis, neach-còmhnaidh bho Pooley Bridge a fhuair air tilleadh à Glaschu gu a baile fhèin far an deach sia taighean ùra a thogail air sgàth sgeama-taigheadais ruigsinneach. Chaidh innse don Phrionnsa mar a bha a' Bh/ph Lewis, folainteach thidsear, ann am flat mhàlaichte sa bhaile le dà rùm-cadail anns am biodh luach timcheall air £250,000 air a' mhargaidh fhosgailte. Mar a mhìnich i: "Tha prìsean thaighean às an ciall an seo. Ann am bailtean dùthchail, mura bi sgeamaichean mar seo agad, tha iad dìreach a' dol bàs."

A' TOGAIL CHEISTEAN

A' LEANTAINN

Rè a là ann an Cumbria, thadhail Am Prionnsa cuideachd ann an Appleby airson ionad-slàinte ùr coimhearsnachd fhosgladh, agus ann an Tebay airson ionad-gearraidh feòla, a chaidh a thogail 's a th' air a ruith le co-chomann thuathanaich, fhosgladh. Tha an t-ionad a' toirt cothrom dha tuathanaich an fheòil aca a reic dìreach ri luchd-ceannachd – agus pris nas fheàrr fhaighinn na gheibheadh iad bho mhòr-bhùthan. Thuirt A Mhòrachd Rìoghail gun robh a' phròiseact na “fìor leus dòchais” dha tuathanaich a tha a' stri ri bith-beò a dhèanamh.

Tha Am Prionnsa eudmhor airson taic a thoirt do bhun-structair traidiseanta dùthchasach, agus san t-Samhain 2005 dh'fhosgail e margaid ùr stuic ann an Cirencester, an Siorrachd Ghloucester, gus foillseachadh a thaic dha iomairt a tha deatamach dhan eaconamaidh àiteachais sa sgìre. Fhuair a' phròiseact taic bho mhòran de na tuathanaich san sgìre agus bho Rural Enterprise Scheme an Rìghaltais. An dèidh cuairt fhaighinn timcheall na margaid agus cuideachadh le reic cuid den stoc san rup thug Am Prionnsa taing do na tuathanaich airson an cuid obrach. Thuirt e riutha: “Mura biodh sibhse, cha bhiodh am fearann dùthchail a' coimhead mar a tha e agus chan fhaighinn na daoine tha ga mhealtainn e mar a tha e.”

Creideamhan is coimhearsnachdan cinneachail

Tha obair A' Phrionnsa o chionn fhada air a bhith co-cheangailte ri brosnachadh ceadachas mu reideamhan is choimhearsnachdan eile ann am Breatainn. Libhrig A Mhòrachd Rìoghail dà òraid chudromach, mu dhàimhean eadar-creideimh, ris an deach gabhail gu math, nuair a bha e air turas thall-thairis san Earrach 2006 (faic duilleagan 5 is 15) agus chaidh aiste a sgrìobh Am Prionnsa fon tìotal, “Religion – The Ties That Bind” a chlà-bhualadh san Ògmhios 2006 le Oilthigh Maryland mar phàirt den t-sreath, “Alliance of Civilizations”.

Chuhairtich Am Prionnsa is A' Bhana-dhiùc cuideachd raon de dhleastanasan ann an 2005-06 a bha a' brosnachadh co-chòrdadh eadar buidhnean creideimh is cinneachail. San Fhaoilleach 2006, thadhail A Mhòrachd Rìoghail ann an Siorrachd Yorc airson Festival of Muslim Cultures a chur air bhog, tachartas airson brosnachadh a thoirt do thuigse nas fheàrr mun chreideamh Ioslamach anns an RA. Thòisich an fhèis nàiseanta, a shiùbhlas timcheall na dùthcha ann an 2006 agus 2007, leis A' Phrionnsa a' fosgladh an taisbeanaidh, ‘Palace and Mosque’ aig Gailearaidhean a' Mhillennium ann an Sheffield.

Sa Mhàrt 2006, thadhail A Mhòrachd Rìoghail ann am Bedfordshire airson pròiseactan coimhearsnachd, a tha deilbhichte airson diofar chultaran a thoirt ri chèile, fhaicinn. ‘S iad na pròiseactan sin, Queen’s Park Inter-faith Initiative ann am Bedford a tha a' toirt ri chèile coimhearsnachdan sgìreil Crìosdaidh, Muslamach agus Sikh ann am pròiseactan aonaichte is ath-nuadhaichte. Am measg nan ceannardan creideimh a bha an sàs san iomairt bha An t-Urramach Jay MacLeòid, bhìocair Eaglais All Saints, a thuirt mun Phrionnsa: “Tha e gun teagamh a' tuigsinn ann an dòigh anns nach eil riaghaltas uaireannan a' dèanamh, mar a dh'fhaodadh coimhearsnachdan creideimh a bhith nan cumhachd airson mathas agus airson coimhearsnachdan a thoirt còmhla.”

Seachdain an dèidh sin, thàinig A' Bhana-dhiùc còmhla ris A' Phrionnsa air turas gu aon de na teampail Sikh as motha ann am Breatainn, an Gurdwara Sri Guru Singh Sabha ann an Hounslow, taobh an iar Lunnainn, airson Là a' Cho-fhlaitheis agus fèis Hola Mohalla a chomharrachadh. Choinnich Am Mòrachd Rìoghail ri èildearan na teampail agus luchd-saor-thoileach agus bhruidhinn iad ri buidheann de chlann bun-sgoile à Newbury ann am Berkshire, a bh' aig an teampall air turas-sgoile airson ionnsachadh mun chreideamh Sikh.

Air là a bha a' comharrachadh iomadachd a' Cho-fhlaitheis agus a' phàirt a tha a' bhuidheann a' gabhail ann am beatha a 53 buill nàisein, fhrithheil A' Chàraid Rìoghail deas-ghnàth dathach ann an Abaid Westminster, far na leugh Am Prionnsa a-mach teachdaireachd Là a' Cho-fhlaitheis Na Bànrìghe do choitheanal anns an robh stiùiriche Lionra Bhuidhnean Sikh, Indarjit Singh, Àrd-easbaig Gregorios à Thyateira agus am Buddhist Viloya Wimalajothi. Na b' fhaide den là bha Am Prionnsa agus A' Bhana-dhiùc nan aoi ghean sònraichte aig cuirm dha ceannardan a' Cho-fhlaitheis ann am Marlborough House ann an Lunnainn.

San Iuchar 2005, fhrithheil Am Prionnsa is A' Bhana-dhiùc Seirbheis Comharrachaidh is Taingealachd airson crìochnachadh pròiseict Tùr a' Millennium aig Àrd-Eaglais St Edmundsbury ann an Suffolk. Bha an t-seirbheis na pàirt de bhliadhna de shubhachas airson crìochnachadh tùr na h-Àrd-Eaglaise ùire a chomharrachadh. Mar Chùl-taic na Pròiseict, bha Am Prionnsa air an obair-togail a leantainn le ùidh mhòr agus thadhail e air an àrd eaglais dà uair roimhe gus faicinn mar a bha an obair a' dol air adhart.

Conaltradh is coinneamhan

A thuilleadh air a bhith a' togail cheistean gu poblach airson aire a thoirt do chùisean a dheigheadh air dearmad mura biodh sin, bidh A Mhòrachd Rìoghail cuideachd, gu prìobhaiteach, a' conaltradh is a' coinneachadh ri Ministearan Riaghaltais, stiùirichean gnìomhachasan agus daoine cliùiteach eile a bheachdachadh air caochladh chuspairean a th' air a thoirt gu aire no a tha a' cur uallach air. Ann a bhith a' dèanamh seo, tha Am Prionnsa an-còmhnaidh faiceallach cùisean pàrtaidhean poilitigeach a sheachnadh; bidh e a' conaltradh ri ministearan mar bhall den Chomhairle Dhiomhair agus a' togail chùisean a thog daoine ris rè a thursan tron dùthaich.

BOMAIICHEAN CEANNAIRC ANN AN LUNNAINN

An dèidh faighinn a-mach gur e fir òga bhon choimhearsnachd Mhuslamach ann am Breatainn a chuir air adhart am bomadh fèin-mharbhtach ann an Lunnainn air 7 Iuchar 2005, sgrìobh Prionnsa na Cuimrigh artaigil air 14 Iuchar airson a' phàipeir-naidheachd, an Daily Mirror. Thuirt e san artaigil gun robh dualchas uasal aig an dùthaich airson coimhearsnachdan is creideamhan ùra a ghabhail a-steach, rud a tha air feabhasachadh a thoirt air dùthaich Bhreatainn air fad.

Ach thug e an rabhadh seo seachad: "Ma tha sinn airson an dualchas seo a chumail suas, agus na feartan mòra Breatannach eile leithid nàbachas, ceadas agus pragmatachas, tha e deatamach gun tèid gach neach an aghaidh a' bhuiridh airson a' choimhearsnachd Mhuslamach a dhìteadh airson gnìomhan mion-chuid bheag olc. San aon dòigh, nam bheachd-sa tha e na dhleastanas air gach deagh Mhuslamach na h-uabhasan sin a dhìteadh agus lorg a-mach an fheadhainn nam measg a tha a' searmonachadh is a' cleachdadh a leithid de dh'fhuath is de nimh."

Chrìochnaich Am Prionnsa an artaigil aige le bhith moladh tapachd muinntir Lunnainn. "Dà ghinealach an dèidh a' Bhilitz, tha fulangas is misneachd muinntir Lunnainn air an t-saoghal a bhrosnachadh aon uair eile. Nan sealladh iomadh choimhearsnachdan Na Rìoghachd Aonaichte a-nis, len dealasachd airson obrachadh còmhla, gun cuir iad fon casan an t-olc às na dh'èirich na h-eucoirean sin, bidh sinn aon uair eile air eisimpleir a thoirt do dh'eachdraidh."